

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a “letter”, written and compiled by Roddy Maclean, and specifically aimed at Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Roddy can be contacted at roddy.maclean@bbc.co.uk * This is Litir 321. Note that Roddy also broadcasts a simplified version – An Litir Bheag – on Monday evenings at 7.00 pm. This is also available on the BBC website. Litir Bheag 17 corresponds to Litir 321.*

Tha ceud bliadhna air a dhol seachad am-bliadhna bho chaidh buidheann Cheilteach a chur air chois ann an California. 'S e an t-ainm a bh' air *The Celtic Club of Los Angeles*. Chaidh a stèidheachadh ann an naoi ceud deug 's a còig (1905).

Bha an fheadhainn a chruthaich an cluba a' cumail a-mach gum b' e a' chiad bhuidheann phan-Cheilteach air an t-saoghal. Bha iad a' cur fàilte air daoine aig an robh ùidh ann an cultar nan dùthchannan Ceilteach gu lèir – Alba, Èirinn, A' Chuimrigh, A' Chòrn, Eilean Mhanainn agus A' Bhreatainn Bheag.

'S e fear à Alba, Calum MacLeòid, agus fear à Èirinn, John McGroarty, a stèidhich an cluba. Am measg nan aoighean a bh' aca aig toiseach gnothaich bha Dùbhghlas Hyde – sgoilear Gàidhlig Èireannach. An ceann greis, bhiodh e na chiad Cheann-suidhe de Phoblachd na h-Èireann. Chan eil fhios agam a bheil an cluba fhathast a' dol. Tha amharas agam nach eil.

Chuala mi naidheachd èibhinn turas mu fhear Èireannach ann an California. Cha b' ann an Los Angeles a bha e ach ann an San Francisco. Bha buidheann de luchd-turais eadar-nàiseanta a' siubhal ann am bus air feadh stàitean taobh an iar Ameireagaidh. 'S e Beurla an cànan a bh' aca anns a' chumantas.

'S e fear Èireannach a bha gan stiùireadh. Là a bha seo, chuir fear dhen luchd-turais ceist air an Èireannach: “A bheil Gaeilge agaibh?” Gun smaoineachadh cus, fhreagair an t-Èireannach, “Tha gu leòr.” Bha fios aige nach robh Gàidhlig sam bith aig duine air bòrd a' bhus. Ge-tà, chan e an fhìrinn a bh' aige. Bha e air Gàidhlig na h-Èireann ionnsachadh san sgoil, ach cha robh mòran dhith aige tuilleadh. 'S dòcha dìreach ùrnaigh no dhà.

Aig a' cheann thall, ràinig iad San Francisco. Chaidh iad a-steach gu taigh-seinnse faisg air a' phort. Agus fhuair fear dhen luchd-turais a-mach gur ann à Èirinn a bha fear dhen luchd-obrach. “A bheil Gaeilge agaibh?” dh'fhaighnich e dhen Èireannach.

“Tha gu leòr,” fhreagair an t-Èireannach. Agus 's e an fhìrinn a bh' aigesan. Bha a' Ghàidhlig aige mar chiad chànan.

“Thig don bhòrd againn, ma-thà,” thuirt am fear-turais. “Tha mi airson còmhradh a chluinntinn ann an Gàidhlig na h-Èireann.”

Chaidh am fear Èireannach a-null don bhòrd, far an robh fear-stiùiridh an luchd-turais. “Siuthadaibh!” thuirt am fear-turais. “Bruidhnibh ri chèile ann an Gaeilge.” Is iongantach mura robh eagal air an fhear bhreugach!

Mus d' fhuair fear an taigh-sheinnse cothrom dad a ràdh, thuirt fear a' bhus, “Ar n-Athair a tha air nèamh, gun naomhaichear d' ainm.” Choimhead am fear fileanta air mar gur e amadan a bh' ann. Ach an uair sin, thuig e plòigh an duine eile. “Gun tigeadh do rìoghachd,” fhreagair e. “Gun dèanar do thoil air thalamh, mar a nithear air nèamh.”

“Thoir dhuinn an-diugh ar n-aran làitheil,” thuirt a’ chiad fhear.

“Agus math dhuinn ar fiachan,” fhreagair am fear eile. Agus lean an còmhradh mar sin. Bha an luchd-turais sàsaichte gu robh Gàidhlig mhath aig an dithis.

“Agus a’ ghlòir, gu sìorraidh,” thuirt fear a’ bhàir mu dheireadh mus do leig e soraidh slàn leotha. Agus chun an là an-diugh tha e coltach nach eil fios aig an luchd-turais gur ann ag aithris *Ùrnaigh an Tighearna* a bha an dithis, ’s nach b’ e còmhradh ceart a bh’ ann idir!

* * * * *

Faclan na seachdainne: A’ Chuimrigh: *Wales*; A’ Chòrn: *Cornwall*; Eilean Mhanainn: *The Isle of Man*; A’ Bhreatainn Bheag: *Brittany*; ùrnaigh: *prayer*; taigh-seinnse: *pub*; amadan: *idiot*; sàsaichte: *satisfied*.

Abairtean na seachdainne: bho chaidh buidheann Cheilteach a chur air chois: *since a Celtic group was established*; a’ cumail a-mach gum b’ e a’ chiad bhuidheann phan-Cheilteach air an t-saoghal: *maintaining that it was the first pan-Celtic group in the world*; am measg nan aoighean a bh’ aca aig toiseach gnothaich: *among the guests they had at the beginning*; bhiodh e na chiad Cheann-suidhe de Phoblachd na h-Èireann: *he would be the first president of the Republic of Ireland*; tha amharas agam nach eil: *I suspect it is not*; a bha gan stiùireadh: *who was leading them*; gun smaoineachadh cus: *without thinking too much*; ge-tà, chan e an fhìrinn a bh’ aige: *however, he was not telling the truth*; ’s e an fhìrinn a bh’ aigesan: *he was telling the truth*; bruidhnibh ri chèile: *speak to each other*; is iongantach mura robh eagal air an fhear bhreugach: *it wouldn’t be a surprise if the lying fellow was scared*; ar n-Athair a tha air nèamh: *our Father who art in Heaven*; gun naomhaichear d’ ainm: *hallowed be Thy name*; thuig e plòigh an duine eile: *he understood what the other man was up to*; gun tigeadh do rìoghachd: *Thy kingdom come*; gun dèanar do thoil: *Thy will be done*; agus a’ ghlòir, gu sìorraidh: *and the glory, forever*; mus do leig e soraidh slàn leotha: *before he bade them farewell*; Ùrnaigh an Tighearna: *The Lord’s Prayer*; ’s nach b’ e còmhradh ceart a bh’ ann: *it wasn’t a proper conversation*.

Puing-chànain na seachdainne: Bha buidheann a’ siubhal ann am bus: *a group was travelling in a bus*. Please note the pronunciation of bus – it is like the English and not, as one might expect from the orthography “booss”. But there is a Gaelic word bus, still in common usage, pronounced “booss” which means “mouth” or “the area around the mouth”. Usually it is obvious which is meant. For example, in the written form, bha bus air might mean “he was pouting” or “a bus was on him” – but it is unlikely to be the latter! And the inflections give it away: bus (mouth) is buis in the genitive singular and busan in the nominative plural. The equivalent examples for bus (vehicle) are bus and busaichean.

Gnàths-cainnt na seachdainne: “Siuthadaibh!” thuirt am fear-turais: “Go on!” said the tourist. The singular/informal form is siuthad.

* Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig